



Coimhead air
a' bhideo an seo!
bit.ly/SaorSmarties
(le fo-thiotalan)



THA AN EPSRC AGUS IONAD TRÈANAIDH DOTAIREIL ANN AN ÌOMHAIGHEAN LÈRSINNEACH MEADAIGEACH (OPTIMA) LEIS

AN DOTAIR KIRSTY ROSS AIR STEM SAOR: SEÒRSAICH SMARTIES

a chur air dòigh ann an co-obrachadh le Fèis Saidheans Ghlaschu agus EXPLORATHON



AN 'S URRAINN DHOMH NA SMARTIES A SEÒRSACHADH?



@DRKIRSTYROSS

OUTREACH OFFICER FOR OPTIMA CDT

1

THA FEUM AGAD AIR NA LEANAS:

Smarties no
suiteis dathach
eile



Còmhdachan
suiteis Quality
Street



2

Cuir na suiteis air
truinnsear no pàipear
geal.



3

Seòrsaich na
suiteas cho luath
's ghabhas anns
na dathan eadar-
dhealaichte
(buidhe, uaine,
msaa).



4

Cuir na suiteis ann an càrn

5

An uair sin, dà-fhilleadh an
còmhdach Quality Street.

6

Seòrsaich na suiteas a-
rithist, coimhead tron
chòmhdach an turas
seo (gun a bhith ri
cealgaireachd!)

Dè thachair?

7

An robh e nas fhasa?
An robh e nas duilghe?
Larraidh air cuideigin
eile seo fheuchainn

GNÌOMHACHDAN LEASACHAIDH:

Carson nach feuch thu:

- Còmhdach le dath eile a chleachdadh?
- Cuir còmhdach?
- Rannsaich na dathan a tha a' cur dath air na suiteis?
- (do bheachdan an seo)...

THOIR AN AIRE

'S ann beaga a tha Smarties agus suiteis dathach eile agus mar sin tha cunnart de mhùchadh. Feumaidh inbhich sùil a thoirt air clan nas òige na 3 bliadhna a dh'aois.

MINEACHADH AN T-SAIDHEANS

Tha tonn-fhadan eadar-dhealaichte de sholas faicsinneach am broinn solas geal. Tha tonn-fhad eadar-dhealaichte aig gach dath. Tha cuid de na tonn-fhadan gan sùigeadh leis na sruth-datha nam còmhdachan suiteis. Tha tonn-fhadan eile a' tighinn troimhe agus 's urrainn dhut am faicinn. Tha còmhdach purpaidh air **tonn-fhadan** gorm agus dearg a sùigeadh agus mar sin tha e coltach gur ann dubh a th' anns na suiteas dearg, gorm, purpaidh 's pinc!

FEUMALACHDAN

Tha sìolan air an cleachdadh ann an ìomhaighean lèirsinneach meadaigeach gus sgaradh a dhèanamh eadar fiosrachadh a thaobh suidheachadh meadaigeach an t-euslainteach agus cùl-solas aig nach eil feum.

Cuir fios gu optima.cdt@gmail.com ma bhios tu ag iarraidh leth-bhreacan an-**asgaidh** de na goireasan sin.